

## C1-3-2-1 Modal 3 Aonad 2 Dè tha anns a' bhaga?

### Earrannan Èisteachd

#### Earrann 1 (1. Èist) De tha anns a' bhaga?

- C1-3-2-2 a. Is mise Calum. Seo mo bhaga. 'S e baga gorm a th' ann. Annс a' bhaga tha fòn-làimhe agus poca-peansail.
- C1-3-2-3 b. Is mise Màiri. Nam bhaga, tha botal uisge, àireamhair, peann agus peansail. 'S e peansail buidhe a th' ann.
- C1-3-2-4 c. Is mise Karen. Tha mo bhaga-sgoile purpaidh. Tha aodach-spòrs, planair agus leabhar-sgrìobhaidh anns a' bhaga.
- C1-3-2-5 d. Is mise Dòmhnull. Seo mo bhaga. Tha mo bhaga uaine. Annс a' bhaga tha leabhar, sporan, peansail agus rubair.
- C1-3-2-6 e. Is mise Seònaid. Nam bhaga-sgoile, tha fòn-làimhe, rùilear, àireamhair agus leabhar-sgrìobhaidh. Tha an leabhar-sgrìobhaidh dearg.

#### C1-3-2-7 Earrann 2 (3. Èist) Am Baga-sgoile

- C1-3-2-8 a. Is mise Calum. Nam bhaga-sgoile, tha àireamhair agus fòn-làimhe.
- C1-3-2-9 b. Is mise Emma. Tha dà leabhar-sgrìobhaidh, seacaид agus sporan nam bhaga.
- C1-3-2-10 c. Is mise Daibhidh. Tha planair, poca-peansail agus aodach-spòrs nam bhaga.
- C1-3-2-11 d. Is mise Eilidh. Nam bhaga, tha botal uisge, rubair agus rùilear.
- C1-3-2-12 e. Is mise Seumas. Tha leabhar, brògan-spòrs agus fòn-làimhe nam bhaga.
- C1-3-2-13 f. Is mise Màiri. Tha peansail buidhe, peann dubh agus sporan nam bhaga.

#### C1-3-2-14 Earrann 3 (7. Èist) A' dol dhan sgoil

- C1-3-2-15 Ruairidh: Càit a bheil mo bhaga? Ò, sin e! Nise. Dè tha seo? Sin mo rùilear, mo phoca-peansail, mo rubair, mo phlanair, m' aodach-spòrs, mo sporan, mo leabhar-sgrìobhaidh agus m' fhòn-làimhe. Ceart. Tha mi deiseil a-nis. Ceart, a Mhamaidh. Tha mi deiseil.
- Mamaidh: Ceart, a ghràidh. Ò, Ruairidh – fuirich mionaid! An e seo do pheann?



Ruairidh: Mo pheann? Ò, 's e – mo pheann dubh. Tapadh leibh, a Mhamaidh. Mar sin leibh!

Mamaidh: Obh, obh, a Ruairidh! Mar sin leat!

### C1-3-2-16 Earrann 4 (9. Èist) Planair agus rubair

C1-3-2-17 a. Tidsear: Karen, an e leabhar-sgrìobhaidh a tha seo?  
 Karen: Chan e. 'S e planair a th' ann.  
 Tidsear: Tha thu ceart. Glè mhath!

C1-3-2-18 b. Tidsear: Iain, dè tha seo?  
 Iain: An e poca-peansail a th' ann?  
 Tidsear: 'S e! Tha thu ceart. 'S math a rinn thu!

C1-3-2-19 c. Tidsear: Sarah, dè tha seo?  
 Sarah: Chan eil fhios agam.  
 Tidsear: An e peann a th' ann?  
 Sarah: 'S e. 'S e peann a th' ann.  
 Tidsear: Glè mhath!

C1-3-2-20 d. Tidsear: A Chailein, dè tha seo?  
 Cailean: 'S e rubair a th' ann.  
 Tidsear: 'S e. Tha thu ceart. Glè mhath!

C1-3-2-21 e. Tidsear: A Mhàiri, dè tha seo?  
 Màiri: Umm, chan eil fhios agam.  
 Tidsear: An e peansail a th' ann?  
 Màiri: Chan e.  
 Tidsear: An e botal uisge a th' ann?  
 Màiri: Chan e.  
 Tidsear: An e àireamhair a th' ann?  
 Màiri: 'S e! 'S e àireamhair a th' ann.  
 Tidsear: Glè mhath!



- C1-3-2-22 f. Tidsear: A Phàdraig, dè tha seo?  
 Pàdraig: Umm...  
 Tidsear: An e poca-peansail a th' ann?  
 Pàdraig: Chan e.  
 Tidsear: An e botal uisce a th' ann?  
 Pàdraig: Chan e.  
 Tidsear: An e baga a th' ann?  
 Pàdraig: 'S e.  
 Tidsear: Ceart, a Phàdraig. 'S e baga a th' ann. Sin thu fhèin!

---

### **C1-3-2-23 Earrann 5 (Sùil air ais 3) Sgoilearan**

- C1-3-2-24 a. Is mise Dòmhnaill. Nam bhaga, tha rubair gorm agus peansail buidhe.
- C1-3-2-25 b. Dè tha nad bhaga, a Chatriona?  
 Nam bhaga, tha leabhar, sporan agus botal uisce.
- C1-3-2-26 c. 'S e Eilidh an t-ainm a th' orm. Seo mo bhaga uaine. Nam bhaga, tha fòn-làimhe agus peann uaine.
- C1-3-2-27 d. Dè tha nad bhaga, Lucy? Nam bhaga, tha leabhar agus aodach-spòrs.
- C1-3-2-28 e. Is mise Kevin. Tha rùilear, poca-peansail agus leabhar-sgriobhaidh dearg nam bhaga.

